



SABHAL  
MÒR OSTAIG

Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

## TUAIRISGEUL OBRACH

<b>TIOTAL-OBACH</b>	Co-òrdanaiche nan Cùrsaichean Goirid
<b>ROINN</b>	Roinn an Fhoghlaim
<b>AN URRA RI</b>	Manaidsear Leasachaidh nan Cùrsaichean Goirid
<b>UALLACH AIRSON</b>	-
<b>SGÈILE THUARASTAIL</b>	£20k
<b>PRÌOMH ÀITE-OBACH</b>	Sabhal Mòr Ostaig

### PRÌOMH AMAS NA H-OBACH

Cùrsaichean Goirid na Colaiste a cho-òrdanachadh

### PRÌOMH UALLAICHEAN

- A' co-òrdanachadh nan Cùrsaichean Goirid agus nan gnìomhan co-cheangailte riutha, m.e. àiteachan fuirich, oidean, clàran-ama, tachartasan sòisealta is eile
- A' dèanamh cinnteach gu bheil cùisean air dòigh airson prògram nan cùrsaichean goirid a lìbhrigeadh gu soirbheachail
- A' cumail taic ri Manaidsear Leasachaidh nan Cùrsaichean Goirid
- Ag ullachadh fiosrachaidh mu Chùrsaichean Goirid airson duilleagan làrach-lìn na Colaiste agus na meadhanan sòisealta
- A' cumail taic ri Neach Rianachd nan Cùrsaichean Goirid aig amannan trang
- A' gabhail uallach airson siostam inntigidh oileanaich nan Cùrsaichean Goirid san Ionad Spòrs
- An co-bhonn ri sgioba margaideachd na Colaiste, a bhith a' cur gnìomhan margaideachd nan Cùrsaichean Goirid air dòigh
- A' cuideachadh le trèanadh is inntigeadh luchd-oide (an co-bhonn ri Manaidsear Leasachaidh nan Cùrsaichean Goirid)
- Tachartasan sòisealta nan Cùrsaichean Goirid a chur air dòigh
- Sùil a chumail ri ur sàbhailteachd fhèin agus sàbhailteachd dhaoine eile;
- Obair sam bith a dhèanamh ann an deagh àm agus a rèir clàr-ama na roinne/a' Mhanaidseir;
- Deagh-ghnè na Colaiste a choileanadh agus a leasachadh;
- Obair iomchaidh sam bith eile a dhèanamh mar a bhios feum aig a' Cholaiste bho àm gu àm.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha e. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus am manaidsear aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis. Ceann-là: 20/04/17